Cuimhnich a nis do Chruithear ann an làithibh t' òige, an uair nach tig na droch làithean, agus nach tig na bliadhnachan am fagus, an uair a their thu, Cha'n 'eil tlachd agam annta ;

ECLESIASTES 12:1



… oir tha mac-meanmna cridhe an duine olc o òige ….
Genesis 8:21

Ma dh'èisdeas iad ris, agus ma nì iad seirbhis dha, caithidh iad an làithean ann an saoibhreas, agus am bliadhnachan ann an sòlasan. Ach mur èisd iad, sgriosar iad leis a' chlaidheamh, agus bàsaichidh iad gun eòlas. Ach carnaidh na cealgairean sa chridhe suas fearg: chan èigh iad nuair a cheanglas e iad. Bàsaichidh iad nan òige, agus tha am beatha am measg nan neòghlan. Iob 36:11-14

Oir is tusa mo dhòchas, a Thighearna Dhè: is tu m’earbsa o m’òige. Leat-sa chumadh mise suas o'n bhroinn : A innibh mo mhàthar bhuin thu mi : dhuit-sa bitheadh mo mholadh-sa a ghnàth. Salm 71:5-6

Thèid mi ann an neart an Tighearna Dia: nì mi iomradh air d’fhìreantachd, eadhon air d’fhìreantachd a-mhàin. O Dhia, theagaisg thu mi o m'òige : agus gu so chuir mi an cèill d'oibre iongantach. A-nis mar an ceudna nuair a bhios mi sean agus liath, a Dhè, na trèig mi; gus an nochd mi do neart do'n ghinealach so, agus do chumhachd do gach neach a ta ri teachd. Salm 71:16-18

Ciod leis a ghlanas òganach a shlighe ? thoir an aire dha a rèir d’fhocail. Salm 119:9

Dèan gàirdeachas, O òganach, ann ad òige; agus deanadh do chridhe subhach thu ann an làithibh t' òige, agus gluaiseadh ann an slighibh do chridhe, agus ann an sealladh do shùl : ach biodh fios agad, air son nan nithe so uile gu'n toir Dia chum breitheanais thu. Uime sin cuir doilgheas o d’ chridhe, agus cuir olc air falbh o d’fheòil: oir is dìomhanas leanabachd agus òige. Eclesiastes 11:9-10

nach robh fios agad? nach cuala tu, nach fannaich an Dia bith-bhuan, an Tighearna, Cruithear crìocha na talmhainn, agus nach fannaich e ? chan eil rannsachadh air a tuigse. Bheir e cumhachd do'n anfhann ; agus dhaibhsan aig nach eil neart meudaichidh e neart. Fannaichidh eadhon na h-òganaich, agus bidh iad sgìth, agus tuitidh na h-òganaich gu tur: ach ath-nuadhaichidh iadsan a dh’fheitheas air an Tighearna an neart; eiridh iad suas mar iolair le sgiathan ; ruithidh iad, agus cha bhi iad sgìth ; agus imichidh iad, agus ni iad fann. Isaiah 40:28-31

An sin thugadh clann bheag da ionnsaigh, a-chum gun cuireadh e a làmhan orra, agus gun dèanadh e ùrnaigh: agus chronaich na deisciobail iad. Ach thubhairt Iosa, Fulaingibh a chlann bheag, agus na bacaibh dhoibh teachd a m' ionnsuidh-sa : oir is ann d'an leithidibh sin a ta rìoghachd nèimh. Agus chuir e a lamhan orra, agus dh'imich e as a sin. Agus, feuch, thàinig neach agus thubhairt e ris, A Mhaighistir mhaith, ciod am math a nì mi, a-chum gum faigh mi a’ bheatha mhaireannach? Agus thubhairt e ris, C'ar son a ghoireas tu maith dhiomsa ? cha'n 'eil aon neach maith ach a h-aon, is e sin Dia : ach ma's aill leat dol a steach chum na beatha, coimhid na h-aitheanta. Thubhairt esan ris, Cò ? Thubhairt Iosa, Na dean mort, Na dean adhaltrannas, Na goid, Na toir fianuis bhrèige, Thoir urram do t'athair, agus do d' mhàthair : agus, Gràdhaichidh tu do choimhearsnach mar thu fèin. Thubhairt an t-òganach ris, Na nithe so uile chum mi o m' oige suas : ciod a dh'easbhuidh orm fathast ? Thubhairt Iosa ris, Ma's aill leat bhi coimhlionta, imich agus reic na bheil agad, agus tabhair do na bochdaibh, agus bithidh agad ionmhas air nèamh : agus thig, agus lean mise. Ach an uair a chual an t-òganach a' chainnt sin, dh' fhalbh e gu brònach : oir bha mòr shaoibhreas aige. Mata 19:13-22

A chlann, bithibh umhail dur pàrantan anns an Tighearna: oir tha seo ceart. Tabhair onoir do t'athair agus do d' mhàthair ; (is i a' cheud àithne maille ri gealladh ;) Gu'n èirich gu maith dhuit, agus gu'm bi thu beò fada air an talamh. Ephesianaich 6:1-3

Na deanadh neach air bith tàir air t' òige ; ach bi thusa mar eisempleir aig na creidmhich, ann am focal, ann an còmhradh, ann an carthannas, ann an spiorad, ann an creidimh, ann an purrachd. 1 Timòteus 4:12

Teich mar an ceudna o ana-miannan na h-òige : ach lean fìreantachd, creidimh, gradh, sith, maille riu-san a ta gairm air an Tighearna à cridhe glan. 2 Timòteus 2:22

Tha gliocas a' ruigheachd o cheann gu ceann gu treun : agus gu milis òrduichidh i na h-uile nithe. Thug mi gaol dhi, 's dh' iarr mi i o m' oige, Bu mhiann leam a deanamh na m' chèile, 'S bu leannan leam a h-àilleachd. Gliocas Sholaimh 8: 1-2

A mhic, cruinnich teagasg o d’òige a-nìos: mar sin gheibh thu gliocas gu do shean aois. Eclesiasticus 6:18

Coileach do leanabh, agus cuiridh esan eagal ort : cluich ris, agus bheir e gu truime thu. Na dèan gàire maille ris, air eagal gum bi doilgheas agad maille ris, agus air eagal gun giosgan tu d’fhiaclan air a’ cheann thall. Na tabhair saorsa dha 'na òige, agus na fannaich air a amaid- eachd. Lùb sìos a mhuineal an uair a tha e òg, agus buail air a thaobh am feadh a bhios e na leanabh, air eagal gum fàs e stòlda, agus gum bi e eas-umhail dhut, agus gun toir e bròn dod chridhe. Eclesiasticus 30:9-12